



RÙINTEAN

1. tha sinn ag aithneachadh gun tug a' Holocaust fìor dhroch bhuidh air eachdraidh an t-saoghail. Bha an gnìomh uamhasach seo gun samhla, agus bidh e cudromach dhuinn uile gu brath
2. tha sinne a' creidsinn gum feum ar nàisean cuimhneachadh gu brath air a' Holocaust. Tha sinn a' toirt urram dhan fheadhainn a dh' fhuilang agus a tha còmhla rinn fhathast; agus tha sinn a' daingneachadh gur iad na h-amasan againn uile a bhith a' tuigsinn a chèile agus a bhith an tòir air ceartas
3. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun tuig na ginealaichean ri tighinn na h-adhbharan a bh' aig cùl a' Holocaust agus gum beachdaich iad air na buillean aige. Tha sinn a' dearbhadh gun cuimhnich sinn air an fheadhainn a dh' fhuilang aig làmhnan nan Nazis, agus air gach murt-cinnidh eile
4. tha sinn a' cur luach anns an ìobairt aig daoine a chuir am beatha ann an cunnart le bhith a' dìon no a' sàbhaladh dhaoine, oir tha seo mar chomharra air a' chomas aig mac an duine air maith a dhèanamh nuair a tha olc a' bagairt oirnn
5. tha sinn ag aithneachadh gu bheil cuid de dhaoine fhathast a' smaoinneachadh nach eil cuid de dhaoine - air adhbharan a leithid cinnidheachd, creideamh, ciorramachd no taobhadh-gneitheach - cho math ri feadhainn eile, agus tha sinn a' dol an aghaidh seo. Tha murt-cinnidh, gràin-lùbhach, gràin-cinnidh, gràin-choigreach agus lethbhreith ann fhathast. Tha dleasdanas oirnn uile a bhith a' cur an aghaidh nan olc seo
6. tha sinn a' dearbhadh gum feuch sinn nas cruaidhe ri bhith a' brosnachadh foghlaim agus rannsachaidh air a' Holocaust agus air murt-cinnidh eile. Nì sinn ar dìcheall gun ionnsaich mac an duine bho na thachair. Leanaidh sinn oirnn a' togail aire air a' Holocaust le bhith a' cumail Latha Cuimhneachaidh a' Holocaust ann am Breatainn gach bliadhna
7. tha sinn a' cur an aghaidh taobhachd, lethbhreith agus gràin-cinnidh. Tha sinn a' cur luach ann an co-chomann a tha stèidhichte air deamocrasaidh, agus saorsa, agus a tha tuigseach de chèile